



Stòras Mara Cailleannach Eta
Plana Gàidhlig
2010-2015

Chaidh am Plana seo a dheasachadh fo Earrann 3 de dh'Àchd Gàidhlig (2005) agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 22 Ògmhios 2010 .

Tha CMAL a' cur fàilte air a chothrom seo cur ri cultar farsainn agus iomadh fhille na h-Alba tro chleachdadh agus brosnachadh na Gàidhlig leis a' phlana a tha seo.

Tha sinn a' toirt taing do Bhòrd na Gàidhlig airson an taic ann a bhith a' deisealachadh a' phlana agus tha fiughar againn ri bhith a' leasachadh ar seirbheisean Gàidhlig dhan luchd-cleachdaidh ach an tog sinn aire chun chànan mar chànan aithnichte a' gabhail a-staigh an stiùiridh a th'air a chur a mach ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Às leth Bòrd stiùiridh CMAL, tha mi toilichte mo thaic a chur ris a' Phlana seo.



Grenville Johnston
Cathraiche CMAL

Geàrr chunntas

Earrann 1 Ro-Ràdh

Dealbh dhen ùghdarras poblach
Gàidhlig ann an raon-obrach na buidhne
Gabhail ris a' Phlana

Earrann 2 Geallaidhean Bunaiteach

Dearbh-aithne
Coluadar
Foillseachadh
Luchd-obrach

Earrann 3 Buaidh air poileasaidh : lìbhrigeadh a' Phlana Nàiseanta

Togail Cànain
Cleachdadh Cànain
Inbhe Cànain
Corpas Cànain

Earrann 4 Lìbhrigeadh agus lèirmheas

Fios thugainn

Geàrr chunntas

Tha CMAL a' gabhail ris gur e pàirt bunaiteach de dhualachas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha cultarail na h-Alba a th'ann an Gàidhlig. Tha CMAL ag aontachadh ri na h-amasan air an lìbhrigeadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha sinn air structaran agus innleachdan a bhios deatamach a chur air dòigh airson a dhèanamh cinnteach gum bi saoghal buan is seasmhach ron Ghàidhlig ann an Alba anns an àm ri teachd.

Tha CMAL cuideachd ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig air leth cugallach agus ma thathas gu bhith ag ath-bheòthachadh a' chànain mar nì a tha a' tighinn beò ann an Alba, tha feum air oidhirp air leth leis an Riaghaltas, còmhla ris an dà chuid an roinn phoblach agus an roinn phrìbheatach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-cleachdaidh fa-leth:

- Inbhe na Gàidhlig àrdachadh;
- Ionnsachadh agus togail na Gàidhlig a bhrosnachadh;
- Agus misneachd a thoirt do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh.

Seo am Plana Gàidhlig aig CMAL, air a dheasachadh taobh-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a tha sinn a' dol a chleachdadh Gàidhlig nar cuid obrach, mar a chuidicheas sinn ann a bhith a' leudachadh cothroman Gàidhlig a chleachdadh an coluadar leis a' mhòr-shluagh agus buidhnean còmhla ris am bì sinn ag obair, agus mar a leasaicheas agus a bhrosnaicheas sinn Gàidhlig.

Chaidh am Plana Gàidhlig aig CMAL a dheisealachadh a-rèir thomhaisean laghail fo Achd 2005, a' gabhail a-staigh rùintean a' Phlana Nàiseanta agus an Stiùireadh air Deisealachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Se na prìomh earranan dhen Phlana Gàidhlig againn:

Earrann 1 – Ro-Ràdh

Tha an earrann seo a' mìneachadh cùl-fhiosrachadh agus co-theacs an-luib a bhith a' deisealachadh Planaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus an structar a tha na bhunait do phrìomh raointean obrach CMAL. Tha e cuideachd a' toirt geàrr-chunntas air saoghal na Gàidhlig.

Earrann 2 – Dealasan bunaiteach

Tha an earrann seo a' mìneachadh mar a bhios CMAL a' cleachdadh agus a' cuideachadh le cothroman cleachdaidh a thaobh na Gàidhlig anns na prìomh raointean malairt. Tha e a' gabhail a-staigh prìomh raointean obrach leithid aithneachadh corporra, soighnichean, coluadar leis a' mhòr-shluagh agus Gàidhlig air an làrach-lìn. Tha an earrann seo a' soillearachadh an ìre as lugha de Ghàidhlig a tha sinn a' gealltainn a bhith a' cleachdadh thar ùine a' Phlana.

Earrann 3 – Buaidhean air poileasaidh Gàidhlig: a' cur an Gnìomh a' Phlana Nàiseanta

Tha an earrann seo a' mìneachadh mar a tha CMAL an dùil a bhith a' cuideachadh a' lìbhrigeadh a' Phlana Nàiseanta. Tha e cuideachd a' mìneachadh mar a tha sinn an dùil Gàidhlig a bhrosnachadh tro dhealbhadh sheirbheisean agus gan lìbhrigeadh, gu h-àraidh ann an raointean poileasaidh, leithid aithneachadh agus margaidheachd. Tha an earrann seo cuideachd a' beachdachadh air mar a thèid dèiligeadh ri Gàidhlig anns a' phlana againn nuair a tha sinn a' dealbh phoileasaidhean ùra agus a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

Earrann 4 – A' cur an Gnìomh agus Lèirmheas

Tha an earrann seo a' mìneachadh mar a thèid ar Plana a chur an gnìomh agus a thoirt air adhart, agus mar a thèid a lìbhrigeadh agus teachd-a-mach a mheasadh.

Earrann 1 – Ro-Ràdh

Co-theacs leasachaidh Phlanaichean Gàidhlig

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus fios gairm planaidh:

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a chur an gnìomh le Pàrlamaid na h-Alba mar mheadhan air inbhe thèarainte a bhuinnig dhan chànan, leis an aon sheasamh sa th'aig Beurla.

'S e fear de na prìomh amasan a th'aig Achd 2005 na h-innleachdan a tha air an toirt do Bhòrd na Gàidhlig a bhith ag iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a dheisealachadh. Chaidh seo a dhealbh a dhèanamh cinnteach gu bheil an roinn phoblach ann an Alba a' cur ri saoghal seasmhach dhan chànan le bhith ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig agus a' cruthachadh cothroman cleachdaidh a tha sùbailte.

Coluadar air an dreachd Plana:

Tha Achd 2005 ag iarraidh air buidhnean poblach an deisealachadh a tha iad a' dèanamh air Planaichean Gàidhlig a thoirt gu aire bhuidhnean is daoine aig a bheil ùidh anns a' ghnothach. Tha CMAL air a bhith an coluadar leis a' mhòr-shluagh anns an Dàmhair 2009 agus tha sinn air aire a ghabhail de na beachdan a chaidh a chur thugainn.

Aonta air Plana Gàidhlig CMAL:

Thèid Plana Gàidhlig CMAL a chur gu Bòrd na Gàidhlig air 30 Samhain 2009-10-26

Dealbh dhen obair aig CMAL agus far a bheil Gàidhlig air a chleachdadh

Tro bhith ag obair le buidhnean aig a bheil ùidh no ceangal ri na seirbheisean, tha uallach air CMAL airson a bhith a' leasachadh stòrais, an dà chuid bàtaichean agus puirt a tha fo ar cùraim. 'S ann leis an Riaghaltas a tha CMAL le sealbh aig Ministearan air na h-earrannan air fad. 'S ann leotha a tha

- 31 bàta-aiseig de dhiofar meud, le aon ga togail, agus
- 24 goireas calaidh air feadh an taobh siar de dh'Alba agus air Chluaidh, a' cumail taic ri seirbheisean aiseig bi-beò.

A bharrachd air sin, tha CMAL a' gabhail làraich aig diofar phuirt is chalaidean air mhàl.

Tha CMAL a' toirt nan goireasan sin do dh'Aiseagan CalMac Earranta, a ghlèidh an fharpais fhosgailte airson a bhith a' frithealadh sheirbheisean, agus do dh'Aiseagan Chòmhail. Mar Ùghdarras Chaladh airson grunn àiteachan tha CMAL airson a dhèanamh cinnteach gu bheil na puirt sin fosgailte do dhaoine eile, gun a bhith a' cur maill sam bith air na seirbheisean bi-beò a tha gan cleachdadh.

Tha CMAL bho chionn ghoirid air triseadh a thoirt air fèin-aithne a chompanaidh ach am bi e soilleir gu bheil diofar eadar CAMAL agus CalMac ('s ann le CMAL a tha an suaicheantas is eile a th'aig CalMac, air a chleachdadh le cead) mar bhuidhnean fa-leth. Tha sinn a' coimhead air Plana na Gàidhlig mar dhòigh eile air ar rùintean is teachdaireachd a mhìneachadh do choimhearsnachdan na Gàidhlig.

Gàidhlig taobh staigh Sgìre obraich CMAL

Tha na puirt agus bàtaichean a th'aig CMAL a' frithealadh grunn choimhearsnachdan dùthchail agus eileannach air feadh an taobh siar de dh'Alba. Tha Cunntas Sluaigh 2001 a' sealltainn gu bheil seo a' gabhail a-staigh cuid de na prìomh àiteachan far a bheil Gàidhlig ga cleachdadh. Nam measg tha na h-Eileanan Siar (61.1% Gàidhlig), Tiriodh (47.8%), an t-Eilean Sgitheanach (36.8%), Ratharsair (36.1%), Lios Mòr (28.8%) agus na h-Eileanan Beaga. Thar nan eilean air taobh siar na dùthcha gu lèir, tha mu 34,250 a bhruidhneas Gàidhlig agus aig a bheil comas sgrìobhaidh agus leughadh.

Plana CMAL

Tha CMAL gu làidir airson a bhith ag obair còmhla ri coimhearsnachdan airson seirbheisean aiseig agus calaidh a tha ùr, èifeachdach agus seamhach a thairgse. Tha coluadar na phrìomh innleachd anns an obair seo, tro choinneamhan coimhearsnachd, aithne chorporra, làrach lìn, taisbeanaidhean, soighnichean, stuth sgrìobhte agus iomadh-mheadhain.

Tha sinn gu mòr dhen bharrachd gum bu chòir dhuinn, far an urrainn dhuinn, a bhith a' coluadar le na coimhearsnachdan sin nan cànan fhèin, agus tha sinn a' tomhas na Gàidhlig mar phàirt riatanach dhen amas sin. Leis sin, nì sinn ar dìcheall barrachd a thuigse mun Ghàidhlig fhèin agus an cultar, agus tha sinn airson program trèanaidh a thairgse dhan luchd-obrach air fad, a bharrachd air gnothaichean eile, airson an t-suidheachaidh sin a thoirt air adhart.

Earrann 2 Geallaidhean Bunaiteach

Dearbh-aithne

Dearbh-aithne corporra

- Dealbhaidh CMAL dreach Gàidhlig dhen t-suaicheantas aig a' chompanaidh a thèid a chleachdadh air an làrach-lìn again. A bharrachd air sin thèid bileag fiosrachaidh is naidheachdan a dheisealachadh dà thuras anns a' bhliadhna an Gàidhlig agus am Beurla, agus bidh an suaicheantas Gàidhlig air sin cuideachd.
- Thèid an Athaisg Bhliadhnail againn fhoillseachadh an dà chuid an Gàidhlig agus am Beurla.

Soighnichean

- Deisichidh CMAL soighnichean Gàidhlig aig na calaidhean againn, agus far am bi CMAL ag obair thèid soighnichean dà-chànanach a chur suas far a bheil sin iomchaidh.

Coluadar

Fòn

- Thèid luchd-obrach a thrèanadh ann an Gàidhlig agus thèid fiosrachadh a thoirt dhaibh mu dhaoine a bhios a' bruidheann ann an Gàidhlig às leth CMAL
- Ma thig fios fòn gu neach ann an Gàidhlig, thèid cothrom bruidheann ri neach le Gàidhlig a thairgse Post

Ma

- thig fios tron phost gu CMAL ann an Gàidhlig, thèid freagairt a thoirt dhan sin ann an Gàidhlig taobh staigh 5 latha obrach
- Far am bi e iomchaidh, thèid litrichean gu coimhearsnachdan a sgrìobhadh an Gàidhlig agus am Beurla air pàipear no tro làrach-lìn CMAL
- Thèid fiosrachadh ann an Gàidhlig a chur air pàipeir sgrìobhaidh a' chompanaidh ag innse ciamar a gheibhear tionndaidhean Gàidhlig, agus thèid sin a ghealltainn taobh staigh 5 latha obrach

Foirmichean

- Far am bi sin freagarrach, thèid bileagan leithid cìsean calaidh fhoillseachadh ann an Gàidhlig agus Beurla

Tha sinn dhen bharail gum bu chòir dhuinn, far a bheil sin mar roghainn aig a' choimhearsnachd, a bhith an coluadar leotha anns a' chanan a roghnaicheas iad agus tha a' Ghàidhlig na pàirt deatamach dhen sin. Leis sin, nì sinn ar dìcheall barrachd a thuigse mun Ghàidhlig fhèin agus an cultar agus tha sinn airson program trèanaidh a thairgse dhan luchd-obrach air fad, a bharrachd air gnothaichean eile, airson an t-suidheachaidh sin a thoirt air adhart.

Dearbh-aithne

Feallsanachd

Tha a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an dearbh-aithne a' chompanaidh agus tro leithid shoighnichean a' toirt togail dhan chànan, ga neartachadh agus na fhianais air an luach a tha anns a' Ghàidhlig agus mar a thathas ga h-aithneachadh. Cuiridh barrachd feum de Ghàidhlig tro leithid shoighnichean ri stòr briathrachais dhaoine, a' togail inbhe a' chànan agus a' cur ri leasachadh na Gàidhlig.

Tha CMAL mothachail dhen bhuaidh chudromach a th'aig a bhith a' leudachadh cleachdadh na Gàidhlig agus àrdachadh an inbhe a' chànan.

Feallsanachd

Tha an ìre de Ghàidhlig a dh'fhaodas a' mhòr-shluaigh cleachdadh aig a' chiad chothrom ann a bhith a' dèiligeadh ri buidheann poblach a' togail air làthaireachd a' chànain an dà chuid a thaobh fuaimneachaidh agus a thaobh sealladh, agus tha sin a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil fàilte ga chur air Gàidhlig agus gun gabh e cleachdadh. A bharrachd air a bhith a' cruthachadh cothroman ann an dòighean practaigeach agus a' togail iomhaigh na Gàidhlig, tha e a' misneachadh a' mhòr shluaigh gu bhith a' feuchainn ri Gàidhlig a chleachdadh bho sin a-mach. Tha a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an co-luadar leis a' bhuidheann phoblaich tron phost, post-dealain agus air a fòn cudromach ann a bhith a' tairgse cothroman practaigeach Gàidhlig a chleachdadh agus tha sin a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil fàilte ga chur air Gàidhlig agus gun gabh e cleachdadh. Ma tha Gàidhlig ri fhaotainn ann an roghainn farsainn de bhileagan dà-chànanach agus Gàidhlig a-mhàin, tha sin a' cur gu mòr ri faicsinneachd agus spèis a' chànain. Tha a bhith a' deisealachadh a leithid de bhileagan ann an Gàidhlig mar thairgsean is eile cuideachd a' leudachadh an raoin de bhriathrachas Gàidhlig son a leithid agus a' togail aire a' mhòr-shluaigh thuige sin, a' leasachadh na Gàidhlig fhèin.

Tha CMAL mothachail gu bheil e fìor chudromach a bhith a' cruthachadh cothroman practaigeach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean àbhaisteach agus tha sinn a' cur romhainn a bhith a' togail air na tha sinn a' tairgse anns an raon seo.

Feallsanachd

Tha a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an clò a' cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig ann an iomadach dòigh. Tha e a' togail air faicsinneachd na Gàidhlig; tha e a' togail air iomhaigh a' chànain le bhith ga chleachdadh ann an suidheachaidhean cudromach agus tha e a' cur ri briathrachas a th'ann mar tha. Tha a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' cuideachadh ann a bhith a' dearbhadh cho taiceil sa tha buidheann poblach ann a bhith a' tairgse fiosrachadh a tha cudromach tro mheadhan na Gàidhlig, a bharrachd air a bhith a' togail air faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Mar a bhios barrachd dhaoine a' dèiligeadh ri cùisean ann an Gàidhlig tro leithid làraich-lìn, cuiridh sin gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd na Gàidhlig.

Tha e an rùn CMAL barrachd a dhèanamh tron Ghàidhlig anns na raointean sin far a bheil ùidh aig a' mhòr-shluagh anns an stuth no tha e a' bointinn gu sònraichte ri ceistean Gàidhlig.

Earrann 3 BUAIDHEAN POILEASaidH AIR A' GHÀIDHLIG – LÌBHRIGEADH A' PHLANA NÀISEANTA

Buidhean air poileasaidh a-thaobh na Gàidhlig

Tha CMAL mothachail gum bi na prìomh amasan aig Plana Nàiseanta na Gàidhlig gan lìbhrigeadh tro ar Plana Gàidhlig ach cuideachd gum bi cothroman a' nochdadh a' chànan a bhrosnachadh tro phoileasaidhean a tha an-sàs an dràsta fhèin. Bidh CMAL a' measadh gach poileasaidh a th'ann mar tha feuch an gabh raointean comharrachadh far an urrainnear Gàidhlig a thogail agus a mhisneachadh, agus feuch an gabh prìomhachasan a' Phlana Nàiseanta cur an gnìomh ann an dòighean a bharrachd. Tha sinn a' faicinn seo mar leasachadh a tha co-ionnan ris a' phrionnsabal gum bu chòir Gàidhlig a mheas àbhaisteach agus na phàirt de shaoghal na h-Alba.

Ann a bhith a' dealbh, ag ùrachadh no a' measadh phoileasaidhean bidh CMAL a' dèanamh cinnteach gum bi buaidh sam bith air Gàidhlig a-rèir a' Phlana Nàiseanta.

Sealladh air a' Phlana Nàiseanta

Tha am Plana Nàiseanta a' comharrachadh ceithir raointean eadar-fhillte de leasachadh cànan a bu chòir dèiligeadh riutha, agus thaobh-staigh sin, thathas a' comharrachadh grunn raointean le prìomhachas:

1 A' togail cànan

Ag àrdachadh àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dearbhadh gu bheil a' Ghàidhlig ga ghluasad tro theaghlaichean agus a' cruthachadh chothroman èifeachdadh son a' chànain ionnsachadh, tro:

- Barrachd cleachdaidh anns an dachaigh
- Barrachd chloinne a' togail na Gàidhlig anns an dachaigh
- Barrachd chloinne a' gabhail cothrom air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- Barrachd inbhich ag ionnsachadh na Gàidhlig agus a' tighinn gu fileantachd

2 Cleachdadh cànan

Feallsanachd

Tha CMAL mothachail gu bheil a bhith a' cruthachadh saoghal buan dhan Ghàidhlig a' ciallachadh gun fheumar cleachdadh a' chànain àrdachadh a bharrachd air a bhith dìreach a' cur ri àireamhan luchd-labhairt. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach sa tha e gum faigh barrachd dhaoine an cothrom Gàidhlig a chleachdadh mar mheadhan àbhaisteach agus mar roghainn a-measg gach nì eile anns a bheil iad an-sàs.

- Gàidhlig ann an coimhearsnachdan – le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ar soighnichean corporra agus stuth margaidheachd dà-chànanach agus far a bheil sin iomchaidh a' cumail choinneamhan anns a' Ghàidhlig
- Gàidhlig anns an ionad-obrach – a' cumail taic ri luchd-obrach ag ionnsachadh barrachd mun Gàidhlig agus cultar

- Gàidhlig anns an ionad-obrach – a’ cumail taic ri luchd-obrach ag ionnsachadh barrachd mun Gàidhlig agus cultar
- Gàidhlig anns na meadhanan – a’ freagairt gu na meadhanan ann an Gàidhlig far a bheil sin iomchaidh agus a’ tabhann soighnichean nar Plana Gàidhlig
- Gàidhlig anns na h-ealain—chan eil buidseit margaidheachd aig CMAL agus chan eil sinn leis sin a’ cumail tai cri tachartasan is eile, ach tro bhith a’ brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig thathas a’ brosnachadh nan ealan
- Gàidhlig ann an Turusachd, Dualchas agus Cur Seachad – le bhith brosnachadh na Gàidhlig tro chleachdadh ann an ainmean phuirt agus air bàtaichean

3 Inbhe a’ chànain

Feallsanachd

Tha CMAL ag aithneachadh gu bheil buaidh aig làthaireachd na Gàidhlig anns an t-saoghal àbhaisteach agus an ìre gus a bheilear ga cleachdadh, ga mheasadh luachmhor le na buidhnean a tha cudromnach nar beatha bho latha gu là.

- Deisealachadh a’ Phlana Gàidhlig – le bhith a’ tairgse litreachas dà-chànanach agus a’ cleachdadh na Gàidhlig mar phàirt bunaiteach de ar innleachdan dealbhachaidh
- A’ cruthachadh iomhaigh adhartach dhan Ghàidhlig – le bhith a’ brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig agus a’ tuigse a’ chultair

4 Corpas Cànan

Feallsanachd

Bu chòir eiseimpleir a nochdadh a tha a' daingneachadh taic dhan Ghàidhlig fo gach ceann a leanas. Leithid:

Tha CMAL ag aithneachadh cho cudromach sa tha e buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, agus a bhith a' tairgse seirbheisean eadar-theangachaidh agus a' brosnachadh rannsachadh air ceistean co-cheangailte ri Gàidhlig.

Leasachadh Sgrìobhaidh, Briathrachais agus ainmean-àite – cleachdaidh sinn stiùireadh GOC 2005 nuair a tha sinn a' taghadh agus a' comharrachadh ainmean-àite agus nì sinn cinnteach gu bheil ainmean Gàidhlig air na bàtaichean agus puirt again

Eadar-theangachadh is tuigse – nì sinn cinnteach gun tèid dèiligeadh ri coluadar sam bith a thig thugainn ann an Gàidhlig tron Ghàidhlig ma tha feum air

Rannsachadh is ceisteachain – cleachdaidh CMAL Gàidhlig ann an rannsachadh agus ceisteachain ma tha sin iomchaidh

Earrann 4 LÌBHRIGEADH AGUS MEASADH

Clàr-ama

Thèid am plana Gàidhlig seo a chur an sàs thairis air 5 bliadhna bhon cheann-latha seo, no gus an tèid plana ùr a dhealbh. Ann an Earrann 2 – Geallaidhean Bunaiteach agus Earrann 3 – Lìbhrigeadh a’ Phlana Nàiseanta airson Gàidhlig, tha sinn a’ mìneachadh cinn-latha fa-leth agus a’ sealltainn nuair a tha dùil ri toraidhean mionaideach.

A’ foillseachadh a’ Phlana

Thèid Plana Gàidhlig CMAL fhoillseachadh air an làrach-lìn anns an dà chànain. A bharrachd air sin:

- foillsichidh sinn sanas naidheachd ga ainmeachadh;
- bidh leth-bhreacan ri fhaotainn ann an oifisean agus ionadan-fàilteachaidh agus bidh duilleag fa-leth air làrach-lìn CMAL;
- thèid a nochdadh do luchd-obrach tron eadar-lìn;
- thèid a sgaoileadh gu buidhnean NDPB, agus buidhnean eile a bharrachd air buidhnean air chùmhnannt;
- thèid a sgaoileadh gu buidhnean Gàidhlig;
- thèid a sgaoileadh gu buidhnean eile le ùidh anns a’ ghnothach; agus
- thèid a thoirt seachad nuair a thèid iarraidh.

Ceistean Rianachd airson a' Phlana a libhrigeadh

Tha am plana seo na phàirt de phoileasaidhean CMAL agus chaidh aontachadh leis a' bhuidhinn stiùiridh agus buill a' Bhùird.

Uallach anns an fharsainneachd:

Tha am poileasaidh seo an urra ris an Àrd-stiùiriche airson a libhrigeadh agus a choileanadh.

Luchd-obrach fa-leth:

Thèid coinneamhan agus trèanadh a chur air dòigh dhan luchd-obrach a mhìneachadh a' phlana seo dhaibh agus a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn an dleastanasan agus mar a gheibh iad taic ann a bhith a' libhrigeadh a' phlana.

Seirbheisean air an coileanadh le buidhnean eile:

Thèid am plana a thoirt gu aire bhuidhnean agus luchd-obrach a th'air am fastadh le CMAL, agus thèid mìneachadh dhaibh mar as urrainn dhaibh taic a chur ris a' phlana.

Mìneachadh do bhuidhnean eile:

Thèid am plana a mhìneachadh do bhuidhnean eile tron làrach-lìn anns a' chiad àite. A bharrachd air sin, thèid sanas naidheachd fhoillseachadh a mhìneachadh na tha a' tachairt dhan mhòr-shluagh, agus gan treòrachadh cun làraich-lìn. Gheibh gach buidhean le ùidh anns na gnothaichean again leth-bhreachd dealain.

Taic dhan phlana:

Tha CMAL taingeil son a' chuideachaidh a fhuaras bho Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' lìbhrigeadh mòran de na h-amasan a th'anns a' phlana seo. Bidh CMAL a' comharrachadh suimean airgid ann am pròiseas ionmhais a' chompanaidh airson amasan a choileanadh.

Measadh lìbhrigeadh a' phlana

Thèid coinneamhan ràitheil a chumail leis an Riaghaltas a mheasadh mar a thathas a' lìbhrigeadh a' phlana.

Earrann 1 – Aithne

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Aithne chorporra:					
An-dràsta	Tha suaicheantas dà-chànanach a' chompanaidh ga chleachdadh air gach innleachd fiosrachaidh eileag-tronaigeach, leithid an làraich-lìn				
Prìomh raointean leasachaidh	Ùrachadh a dhèanamh air pàipear is eile gu suaicheantas dà-chànanach, seach	Gàidhlig ga chur air gach litir, bileagan taing agus pàipear sam bith eile gus am bi iad uile dà-	Suaicheantas dà-chànanach air a h-uile bileag is litir	Elspeth Roxburgh	Faoilleach 2010
	Teachdaireachd a' chompanaidh a bhith dà-chànanach	Dearbhadh gu bheil Teachdaireachd a' chompanaidh gu bhith dà-chànanach a h-uile uair a thèid a chleachdadh	Gum bi teachdair-eachd dà-chànanach air gach taisbeanadh is plana a thathas a' sealltainn	Anndra Flockhart	Màrt 2010
Amas freagarrach a' bointinn ri adhbhar an Riaghaltais – Taic agus Leantalachd					

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Sanasachd (a-muigh 's a-staigh):					
An-dràsta	Tha ainmean-àite dà-chanach aig na puirt agus tha ainmean nam bàtaichean dà-chanach				
Prìomh raointean leasachaidh	Lèirmheas ri dhèanamh air soighnichean ach am bi iad dà-chanach, le suaicheantas CMAL	Dearbhadh gum bi gach soighne ùr dà-chànanach agus gun tèid feadhainn nach eil ùrachadh.	Dearbhadh gu bheil gach soighne leantainneach agus dà-chànanach far a bheil sin freagarrach	Anndra Flockhart	Cèitean 2010
Amas freagarrach a' bointinn ri adhbhar an Riaghaltais – Taic agus Leantalachd					

Earrann 2 – Conaltradh

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Fàilteachas :					
An-dràsta	'S e buidheann beag a th'ann an CMAL le dìreach 12 luchd-obrach agus chan eil iadsan an coluadar ro thrì leis a' mhòr-shluagh. Ach ma thig fios thuca ann an Gàidhlig, bidh iad a' tabhann cothrom bruidheann ri neach ann an Gàidhlig. Tha grunn dhaoine ri làimh aig CMAL airson Gàidhlig a chleachdadh nuair a bhios feum.				
Prìomh raointean leasachaidh	Eòlas mu Ghàidhlig a-measg an luchd-obraich	Gach neach dhen luchd-obrach a' faighinn cothrom trèanadh air eòlas mun Ghàidhlig	Tha gach neach air an trèanadh sin faighinn Tha rùn aig an luchd-obrach a tha easgaidh mu ionnsachadh tuilleadh chothroman faighinn	Anndra Flockhart	Iuchar 2010
	Rinneadh measadh air feumalachdan trèanaidh	Tha fios aig a' chompanaidh na tha de sgilean Gàidhlig ann	Tha cothrom aig an luchd obrach Gàidhlig ionnsachadh ma tha	Elspeth Roxburgh	Lùnastal 2010
Amas freagarrach a' bointinn ri adhbhar an Riaghaltais – Compàirteachas					
Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Fòn:					
An-dràsta	Chan eil duine le Gàidhlig ag obair dhan chompanaidh, ach thèid fios no freagairt a thilleadh an Gàidhlig ma tha sin a dhìth				
Prìomh raointean leasachaidh	Inneal freagairt ri bhith a' cleachdadh fàilteachas Gàidhlig	Fios gu bhith aig daoine cur teachdaireachd gu CMAL gu bheil an roghainn sin ann	Uidheamachd freagairt fòn gu bhith a'cleachdadh Gàidhlig	Anndra Flockhart	Faoilleach 2010
Cuideachadh le Amasan Ro-innleachdail Iomchaidh					

Earrann 2 – Conaltradh

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
<i>Post agus Post-dealain:</i>					
An-dràsta	Gheibh neach sam bith a chuireas fios an sgrìobhadh ann an Gàidhlig gu CMAL freagairt taobh-staigh 5 latha ann an Gàidhlig				
Prìomh raointean leasachaidh	Pàipear a' chompanaidh a bhith le suaicheantas dà-chanach	Pàipear a' chompanaidh a bhith le suaicheantas dà-chanach	Pàipear a' chompanaidh ga ùrachadh an riochd dà-chànanach	Elspeth Roxburgh	Faoilleach 2010
Cuideachadh le Amasan Ro-innleachdail Iomchaidh					
Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
<i>Foirmean:</i>					
An-dràsta	Tha glè bheag de bhileagan aig CMAL; far a bheil bileag air thilleadh ann an Gàidhlig, thèid dèiligeadh ris taobh-staigh 5 latha				
Prìomh raointean leasachaidh	Measadh air foirmichean a th'ann an dràsta agus tomhas an fheadhainn a bu chòir a bhith dà-chànanach	Dearbhadh de an fheadhainn as fheumaile agus as trice a tha gan cleachdadh agus an dèanamh dà-chànanach	An fheadhainn a bu chòir a bhith dà-chànanach atharrachadh	Victoria Nic-Mhaoilein	Màrt 2010
Amas freagarrach a' bointinn ri adhbhar an Riaghaltais – Compàirteachas					
Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
<i>Foirmean:</i>					
An-dràsta	Tha glè bheag de bhileagan aig CMAL; far a bheil bileag air thilleadh ann an Gàidhlig, thèid dèiligeadh ris taobh-staigh 5 latha				
Prìomh raointean leasachaidh	Comharraich luchd-eadar-theangachaidh a fhrithealadh coinneamhan poblach	Liost a dheasachadh de luchd-eadar-theangachaidh	Luchd-eadar-theangachaidh fhasdadh nuair tha feum son coinneamhan poblach	Anndra Flockhart	Iuchar 2010
Amas freagarrach a' bointinn ri adhbhar an Riaghaltais – Compàirteachas					

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Priomh Oifigear	Raon-ama
Coinneamhan Poblach:					
An-dràsta	Gheibh neach sam bith a nì gearan ann an Gàidhlig freagairt taobh-staigh 5 latha.				
Priomh raointean leasachaidh	Cuidheachd a thabhann dhan luchd-obrach a thaobh cultar na Gàidhlig	Trèanadh freagarrach ga thabhann dhan luchd-obrach gu lèir	Luchd-obrach nas uidheamaichte son dèiligeadh ri luchd-labhairt na Gàidhlig	Anndra Flockhart	Òg-mhìos 2010
Cuideachadh le Amasan Ro-innleachdail Iomchaidh					

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Priomh Oifigear	Raon-ama
Modhan Gearain:					
An-dràsta	Chan eil duine dhen luchd-obrach le Gàidhlig, ach nam biodh e freagarrach, rachadh eadar-theangachadh a thairgse aig coinneamhan poblach. Tha stuth margaidheachd Gàidhlig aig a' chompanaidh mar tha agus thathas a' cleachdadh sin aig coinneamhan poblach.				
Priomh raointean leasachaidh	Cuideachadh a thabhann dhan luchd-obrach a thaobh cultar na Gàidhlig	Trèanadh freagarrach ga thabhann dhan luchd-obrach gu lèir	Luchd-obrach nas uidheamaichte son dèiligeadh ri luchd-labhairt na Gàidhlig	Anndra Flockhart	Òg-mhìos 2010
Amas freagarrach a' bointinn ri adhbhar an Riaghaltais – Taic agus Leantailachd					

Earrann 3 – Foillseachaidhean

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Priomh Oifigear	Raon-ama
<i>Dàimh Phoblach agus Na Meadhanan:</i>					
An-dràsta	Tha mòran de na goireasan as cudromaiche dà-chànanach				
Priomh raointean leasachaidh	Measadh air an stuth a dhearbhadh gu bheil an suai-cheantas dà-chànanach	Stuth ùr gu bhith dà-chànanach ann an dòighean freagarrach	Dearbhadh gu bheil leantailachd ann an stuth an clò	Anndra Flockhart	Sultain 2010
Amas freagarrach a' bointinn ri adhbhar an Riaghaltais – Compàirteachas					
Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Priomh Oifigear	Raon-ama
<i>Stuth Clò-bhuailte:</i>					
An-dràsta	Tha CMAL a' foillseachadh sanasan naidheachd an Gàidhlig agus Beurla. Mas fheudar, faodaidh sinn fios a chur gu luchd-labhairt le Gàidhlig a bhruidhneas às leth a' chompanaidh. Tha sinn cuideachd a' foillseachadh cuairt-litir a tha dà-chànanach agus tha iad sin gam foillseachadh air an làrach-lìn còmhla ri naidheachdan.				
Priomh raointean leasachaidh	Gealladh gun tèid am Plana Gàidhlig aithneachadh ann an sansan naidheachd a tha ri thighinn	Bidh gach sanas naidheachd cunbhalach agus ag aithneachadh Plana na Gàidhlig	Tha gach iarrrtas airson fiosrachaidh bho na meadhanan an Gàidhlig air an làimhseachadh gu h-èifeachdach	Anndra Flockhart	Gearran 2010
Amas freagarrach a' bointinn ri adhbhar an Riaghaltais – Dìlseachd					

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Làraich-lìn:					
An-dràsta	Tha tionndadh Gàidhlig againn dhen làrach-lìn a tha na shàmhla de làrach na Beurla.				
Prìomh raointean leasachaidh	Lèirmheas a dhèanamh air an làrach-lìn agus rannsachadh air dòighean ùra airson Gàidhlig a bhrosnachadh	Làrach-lìn iomadh-mheadhan a stèidheachadh le guthan is dealbhan bhideo	Tha an làrach-lìn a' misneachadh an dà chuid Gàidhlig an sgrìobhadh agus cainnt	Anndra Flockhart	Giblean 2010
Amas freagarrach a' buntainn ri adhbhar an Riaghaltais – Compàirteachas					

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Taisbeanaidhean:					
An-dràsta	Tha gach nì a' buntainn ri taisbeanaidhean dà-chànanach				
Prìomh raointean leasachaidh	Measadh a dhèanamh air ar stuth margaidheachd gu lèir	A bhith ag obair gu sàr-chleachdaidhean nar stuth margaidheachd gu lèir	Gun tèid aithneachadh gu bheil sinn ri sàr-chleachdaidhean nar margaidheachd	Anndra Flockhart	Dùbhlachd 2010
Amas freagarrach a' buntainn ri adhbhar an Riaghaltais – Compàirteachas agus Leantalachd					

Earrann 4 – Luchd-obrach

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Trèanadh:					
An-dràsta	Tha taic air a thairgse do luchd-obrach nam feumalachdan trèanaidh a' gabhail a-staigh ionnsachadh no leasachadh sgìlean. Far an gabh sin dèanamh, thèid na cothroman sin a thairgse taobh-staigh uairean obrach àbhaisteach. Tha e mar phoileasaidh aig CMAL a bhith a' cleachdadh luchd-trèanaidh agus stuth a tha clàraichte. Gàidhlig				
Prìomh raointean leasachaidh	Trèanadh air eòlas mu Ghàidhlig ga thairgse do luchd-obrach	Tha tuigse bunaiteach aig gach neach measg an luchd-obrach air Gàidhlig	Tha an luchd-obrach nas uidheamaichte ann an bhith a' tighinn suas ri feumalachdan na Gàidhlig	Anndra Flockhart	Òg-mhios 2010
Amas freagarrach a' buntainn ri adhbhar an Riaghaltais – Compàirteachas					

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Ionnsachadh cànan:					
An-dràsta	'S urrainn do luchd-obrach taic fhaighinn airson trèanadh mu choinneimh Gàidhlig mar phàirt dhen leasachadh phearsanta aca				
Prìomh raointean leasachaidh	Tha leabhran le abairtean Gàidhlig aig an luchd-obrach gu lèir	Tha cothrom aig an luchd-obrach gu lèir a bhith a' togail Gàidhlig a tha bunaiteac	Tha barrachd eòlais aig an luchd-obrach mu Ghàidhlig	Victoria Nic-Mhaoilein	Faoilleach 2010
Amas freagarrach a' buntainn ri adhbhar an Riaghaltais – Ceanglan, Compàirteachas agus Seasmhachd					

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Fastadh:					
An-dràsta	Tha suaicheantas dà-chànanach air a h-uile sanas fastaidh, agus ma thèid iarraidh, tha tionndadh Gàidhlig ga thabhann. Tha e ceadaichte cur a-staigh son dreuchd ann an Gàidhlig agus thèid dèiligeadh ri sin an Gàidhlig.				
Prìomh raointean leasachaidh	Thèid gach dreuchd a mheasadh feuch a bheil còir a bhith air a chomharra-chadh mar dhreuchd Gàidhlig	Bidh iomairtean fasdaidh ri thighinn a' measadh feumalachdan Gàidhlig	Far a bheil sin iomchaidh thathas a' brosnachadh luchd-labhairt na Gàidhlig cur a-staigh airson dreuchdan	Elspeth Roxburgh	Giblean 2010
Amas freagarrach a' bointinn ri adhbhar an Riaghaltais – Compàirteachas					

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Sanasachd:					
An-dràsta	'S ann ainneamh a tha CMAL ri sanasachd, ach far a bheil e iomchaidh bidh iad dà-chànanach, leithid ann an sgìrean far a bheil				
Prìomh raointean leasachaidh	Thèid Plana na Gàidhlig ainmeachadh	Bidh iomairtean a tha romhainn ag ainmeachadh a' Phlana	Thèid Gàidhlig a bhrosnachadh mar phàirt cudromach de chultar na h-Alba	Anndra Flockhart	Faoilleach 2010
Amas freagarrach a' bointinn ri adhbhar an Riaghaltais – Compàirteachas					

Dòighean fios a chur thugainn

'S e a' phrìomh oifigear le dleastanas airson a bhith a' deisealachadh, a lìbhrigeadh agus a' measadh a' phlana:

AINM: Anndra Flockhart

ROINN: Seirbheisean Corporra

AINM NA BUIDHNE: Stòras Mara Cailleannach Eta

SEÒLADH: Toglaichedan a' Bhaile

Sràid Aghaidh

Port Ghlaschu

PA14 5EQ

ÀIREAMH FÒN: 01475 749933

Post-dealain: andrew.flockhart@cmassets.co.uk

Bu chòir ceistean mu lìbhrigeadh a' phlana a chur gu

AINM: Anndra Flockhart

ROINN: Seirbheisean Corporra

AINM NA BUIDHNE: Stòras Mara Cailleannach Eta

SEÒLADH: Toglaichedan a' Bhaile

Sràid Aghaidh

Port Ghlaschu

PA14 5EQ

ÀIREAMH FÒN: 01475 749933

Post-dealain: andrew.flockhart@cmassets.co.uk